

Nàiseanta 5 Gàidhlig Èisteachd Am Metagama Earrann èisteachd mu eilthireachd.

Agus a-nis air a' phrògram, eachdraidh air a thoirt thugainn le Murchadh MacLeòid a sheòl air am Metagama an fheasgar ud ann an 1923. Seo cunntas bhuaith a chaidh a chlàradh ùine an dèidh dha Leòdhas fhàgail:

“An dèidh strì an aghaidh droch mhuir agus tinneas uabhasach, ràinig sinn Canada an ceann aon latha deug. B' e Toronto ar ciad ceann-uidhe agus às an sin chaidh sinn gu ar diofar obraichean. Chaidh mise agus feadhainn eile gu tuathanas bainne.

B' e Canèidianach a bha os cionn an àite agus bha sinn a' fuireach san taigh còmhla ris fhèin, a bhean agus an teaghlach a bha aca. Bha caogad beathach mart rim bleoghainn agus bha e an urra riumsa an uidheam bleoghainn obrachadh ged nach fhaca mi tè dhiubh riamh roimhe. Cha tug e fada an gnothach a thuigsinn agus ged a bha na h-uairean fada bha mi riarichte gu leòr.

An ceann greis ge-tà, dh'fhàs mi seachd sgìth dheth is dh'fheuch mi chun an iasgaich. A thaobh obrach, bha muinntir Chanada coma mu cò thu, no dè do choltas. Ma bha do chorp slàn agus làidir, gheibheadh tu an obair. Cha mhaireadh obair an iasgaich ach pàirt den bhliadhna is cha robh an tuarasdail ro chinnteach ach bha mi coma; cha robh mi ach òg is cha robh uallach orm. B' fhiach na lochan ud am faicinn anns a' gheamhraidh: tiugh le deigh agus cho farsaing ri druim a' chuain.

Shuidhich mi mi fhèin mu dheireadh ann an Alba Nuadh – phòs mi tè às an àite fhèin agus thog sinn teaghlach. Anns a' bhaile as an robh sinn, chan fheumadh tu doras an taighe a ghlasadh air an oidhche, abair àite socair is sàbhailte. Tha mi air a bhith glè thoilichte an seo. Cha do rinn Riaghaltas Bhreatainn sìon dhòmhsa nuair a bha mi òg, chan eil àite air an t-saoghal as fhiach an taca ri Canada nam bheachd-sa!”